

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Ùisdean 's an Tombaca (2)

*A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclea@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclea@bbc.co.uk). This is Litir 817. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 513 corresponds to Litir 817.*

Chaidh Sandaidh an cù a dh'Inbhir Pheofharain latha a bha seo. Bha a mhaighstir, Ùisdean, gann de thombaca. Chuir Ùisdean leth-chrùn ann an nèapraigear timcheall amhaich a' choin agus dh'iarr e air a dhol gu bùth an tombaca.

Ràinig Sandaidh a' bhùth. Dh'fhuasgail fear na bùtha an nèapraigear, thug e an t-airgead a-mach agus chuir e tombaca luach leth-chrùin ann na àite, le pìos pàipeir timcheall air. Cheangail e an nèapraigear a-rithist ri amhaich a' choin. Thug e briosgaid don chù mar dhuais agus dh'iarr e air a dhol dhachaigh.

Nuair a ràinig Sandaidh an taigh, bha Ùisdean aig an doras mhòr. Dh'fhuasgail e an nèapraigear agus fhuair e a thombaca. 'S e a bha toilichte le Sandaidh! Bha an tombaca taobh a-staigh pìos pàipeir agus chunnaic Ùisdean gun robh rudeigin sgrìobhte air ann am peansail. **Bho fhear na bùtha a bha e.** 'Ma dh'obraicheas seo,' bha sgrìobhte air, 'cuir an cù thugam a h-uile Dihaoine. Bidh an tombaca as fheàrr leat an-còmhnaidh agam Dihaoine.'

Agus 's e sin a thachair. A h-uile Dihaoine, bhiodh Sandaidh a' falbh a dh'Inbhir Pheofharain, agus a' togail an tombaca.

Latha a bha seo, ge-tà, bha fear eile anns a' bhùth, nuair a ràinig Sandaidh i. 'S e fear àrd, maol, leth-shùileach a bh' ann. Bha 'Padaidh Cam' air mar fhrith-ainm. Bha taigh aige trì mìle a-mach à Inbhir Pheofharain air an aon rathad a bha a' dol a dh'ionnsaigh croit Ùisdein.

Chunnaic Padaidh an gnothach leis a' chù, agus leis an airgead, agus thòisich e air meòrachadh air. 'Annasach,' thuirt e ri fear na bùtha. 'An cù sin a' dèanamh toil a mhaighstir mar sin.'

'Aidh, tha e dileas agus comasach,' thuirt fear na bùtha. 'Bidh e a' tighinn a h-uile Dihaoine, agus ruigidh e a' bhùth aig cairteal gu meadhan-latha, a h-uile turas.'

Dh'fhalbh Sandaidh leis an tombaca anns an nèapraigear timcheall amhaich. Dh'fhalbh Padaidh mun aon àm agus lean e air a' chù cho math 's a b' urrainn dha. Chunnaic e gun robh e a' gabhail an aon rathaid ris fhèin.

An ath Dihaoine, bha Padaidh a' feitheamh air an rathad a dh'Inbhir Pheofharain faisg air an taigh aige. Cha robh e ann fada nuair a chunnaic e Sandaidh a' tighinn. Bha nèapraigear timcheall amhaich.

'Trohad seo,' thuirt Padaidh ris a' chù. Bha briosgaid aige na làimh. 'Seo dhut. Gabh seo.' Ghabh an cù a' bhriosgaid agus leig e le Padaidh an nèapraigear fhuasgladh. Thug Padaidh an t-airgead a-mach agus chuir e na phòcaid e. Cheangail e an nèapraigear a-rithist, agus dh'iarr e air a' chù falbh don bhùth.

‘Sin thu, a Shandaidh, **tha thu ann,**’ thuirt fear na bùtha. ‘Còig mionaidean air dheireadh an-diugh.’ Bha a shùilean air a’ chloc. Deich mionaidean gu meadhan-latha.

Dh’fhuasgail fear na bùtha an nèapraigear agus ghabh e iongnadh nach robh an t-airgead ann. Cha robh fios aige dè dhèanadh e. Mu dheireadh, chuir e luach leth-chrùn de thombaca san nèapraigear, le bileag pàipeir, a’ mìneachadh nach robh airgead ann agus ag iarraidh air Ùisdean crùn a chur thuige an ath sheachdain. Agus chì sinn dè thachair nuair a ràinig an cù a dhachaigh.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Dh’fhuasgail: *untied*; Padaidh Cam: *One-eyed Paddy*; frìth-ainm: *nickname*; dìleas: *faithful*.

**Abairtean na Litreach:** Chaidh Sandaidh an cù a dh’Inbhir Pheofharain: *Sandy the dog went to Dingwall*; bha a mhaighstir, Ùisdean, gann de thombaca: *his master, Hugh, was short of tobacco*; leth-chrùn ann an nèapraigear timcheall amhaich a’ choin: *a half-crown in a kerchief around the dog’s neck*; chuir e tombaca luach leth-chrùn ann na àite: *he put tobacco to the value of half a crown in its place*; thug e briosgaid don chù mar dhuais: *he gave the dog a biscuit as a reward*; dh’iarr e air a dhol dhachaigh: *he asked him to go home*; aig an doras mhòr: *at the front door*; gun robh rudeigin sgrìobhte air ann am peansail: *that something was written on it in pencil*; fear àrd, maol, leth-shùileach: *a tall, bald, one-eyed man*; thòisich e air meòrachadh air: *he started to consider it*; an cù sin a’ dèanamh toil a mhaighstir mar sin: *that dog doing his master’s will like that*; ruigidh e a’ bhùth aig cairteal gu meadhan-latha: *he reaches the shop at a quarter to twelve (midday)*; gun robh e a’ gabhail an aon rathaid ris fhèin: *that he was taking the same road as himself*; thug Padaidh an t-airgead a-mach agus chuir e na phòcaid e: *Paddy took out the money and put it in his pocket*; còig mionaidean air dheireadh: *five minutes late*; ghabh e iongnadh: *he was surprised*; cha robh fios aige dè dhèanadh e: *he didn’t know what to do [what he would do]*; ag iarraidh air Ùisdean crùn a chur thuige an ath sheachdain: *asking Hugh to send him a crown the next week*.

**Puing-chànain na Litreach:** **Bho fhear na bùtha a bha e:** *it was from the shopkeeper. There is an implied ’s ann at the start of the sentence, ie it should really read ’S ann bho fhear na bùtha a bha e. But sometimes, particularly in informal speech, we do not include the ’s ann – it is understood, but not said. Keep your ears open for other examples in the community or on radio or television.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Sin thu, a Shandaidh, **tha thu ann:** *there you are, Sandy, you’re there. An informal greeting.*

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA*